

Tìotal:	Oifigear Leasachaidh
Àite:	Inbhir Nis
Tuarastal:	Tuarastal £23,166 - £26,027 a-rèir eòlais
Ùine:	Làn ùine (35 uairean san t-seachdain)

Bun Fhiosrachadh

'S e buidheann nàiseanta a tha ann am Fèisean nan Gàidheal, ag obair còmhla ri còrr is 45 Fèisean ionadail air feadh Alba, a' toirt cothrom do thimcheall air 18,000 òganach sgìlean ealan Ghàidhlig ionnsachadh a bharrachd air obair ann am foghlam Gàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a ghabhail os làimh.

Tha Fèisean nan Gàidheal gu mòr an-sàs anns gach roinn de leasachaidhean na Gàidhlig agus ciùil traidiseanta. Tha an neach san dreuchd làn-ùine seo a' cumail taic ri Fèisean ann an sgìre Earra-Ghàidheil, Ghlaschu agus Dhùn Èideann agus a' toirt air adhart leasachaidhean a-rèir rùn nam Fèis.

Bidh an dreuchd stèidhichte ann an Inbhir Nis ach bhiodh feum air siubhal gu sgìrean far a bheil na Fèisean a' tachairt. Bidh an neach soirbheachail ag obair 35 uairean a thìde gach seachdain, fo stiùir Manaidsear Leasachaidh na buidhne.

Prìomh ghnìomhan na dreuchd seo

A' lìbhrigeadh sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal do na Fèisean anns an sgìre ainmichte, gu sònraichte:

- A' cur a-staigh airson taic-airgid do Sgeama Tabhartasan nam Fèisean
- A' dealbhachadh iartasan-airgid airson Sgeama Leasachaidh nam Fèisean
- A toirt taic le poileasaidh Cùram Chloinne againn a chur an gnìomh aig ìre ionadail
- A' toirt taic le Poileasaidh Gàidhlig againn a chur an gnìomh aig ìre ionadail
- A' toirt taic le bhith a' cur air dòigh trèanadh iomchaidh airson luchd-eagrachaidh agus luchd-rianachd nam Fèis gu h-ionadail
- A' cur air adhart Fèisean ann an sgìre Earra-Ghàidheil, Ghlaschu agus Dhùn Èideann, agus gu h-àraidh a' brosnachadh nam Fèis tro na sgoiltean ionadail
- A' frithealadh nam Fèis uile agus a' roinn ur n-ùine eatorra gu cothromach
- A' cur air adhart phlanaichean Fèisean nan Gàidheal le pròiseactan a tha freagarrach
- A' toirt taic do chomataidhean nam Fèis ann an co-bhonn le luchd-rianachd ionadail nam Fèis
- A' sireadh taic-airgid, gu h-àraidh bho thaobh a-muigh na sgìre airson obair àbhaisteach nam Fèis, agus pròiseactan ùra, a chur an gnìomh
- A' cur air dòigh thachartasan tron bhliadhna airson obair nam Fèis a leantainn agus a leudachadh, airson nan sgìlean a tha air ionnsachadh anns na Fèisean bliadhnail a neartachadh
- A' brosnachadh obair airson deugairean a chumail an-sàs ann an tachartasan nam Fèisean
- Ag obair le comataidhean nam Fèis gus planaichean leasachaidh aca fhèin a chur ri chèile agus an uair sin an cur an gnìomh

Tha Fèisean nan Gàidheal a' faotainn taic bho na buidhnean seo | Fèisean nan Gàidheal is supported by the following bodies



- A' cuideachadh le Cèilidhean air Chuairt a chur air dòigh do na Fèisean a bhios an sàs
- Taic le margaideachd obair nam Fèis ann an co-bhonn le luchd-obrach eile.

Gnìomhan eile

- A' gabhail pàirt ann an tachartasan air an cur air dòigh le Fèisean nan Gàidheal, m.e. Co-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail na buidhne
- A' gabhail pàirt anns an t-siostam mheasaidh aig Fèisean nan Gàidheal
- A' frithealadh làithean-trèanaidh airson luchd-obrach ma bhios sin iomchaidh
- Obair eile sam bith a tha taobh a-staigh crìochan na dreuchd a tha seo.

Sgilean pearsanta a tha a dhìth

- Bu chòir tagraichean a bhith fileanta anns a' Ghàidhlig, le comas labhairt agus sgrìobhaidh. Bidh barrachd chuideam air sgilean labhairt 's a chiad dol a-mach, agus prògram trèanaidh ann airson sgilean sgrìobhaidh a neartachadh mar a bhios iomchaidh
- Tha sinn a' sireadh thagraidhean bho dhuine sam bith aig a bheil eòlas, neo foghlam freagarrach, co-cheangailte ris an t-seòrsa obrach a tha seo
- Bu choir ùidh a bhith aig tagraichean ann an obair nam Fèis agus anns na h-ealain Ghàidhlig san fharsaingeachd
- Bu chòir comas a bhith aig tagraichean obair a chur air dòigh air an ceann fhèin, gun stiùir aig amannan
- Bidh eòlas air obair ann an raon coimhearsnachd gu math feumail
- Bidh eòlas air obair coimpiutairean deatamach gu sònraichte prògraman a leithid Microsoft Word, Excel 's bhiodh eòlas air Adobe Acrobat, InDesign agus Photoshop buannachdail
- Bu chòir cead-draibhidh a bhith aig tagraichean.

Bidh an tuarastal eadar £23,166 agus £26,027 a rèir eòlais. Cuiridh Fèisean nan Gàidheal 5% de thuarastal a-steach gu sgeama peinnsein na buidhne. Thèid cosgaisean co-cheangailte ris an dreuchd a phàigheadh a thuilleadh air tuarastal. Feumaidh an neach a shoirbhicheas a dhol tro dheuchainn mar bhall den sgeama PVG aig Fèisean nan Gàidheal.

Feumaidh tagraichean cunntas-beatha slàn (ann an Gàidhlig neo ann am Beurla) a chur thugainn a bharrachd air foirm-iarrtais air a lìonadh leis an fhiosrachadh air fad a tha a dhìth.

Cuiribh foirmean gu Anne Willoughby, Manaidsear Gnìomha, Fèisean nan Gàidheal, Taigh a' Mhill, Port-Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach, IV51 9BZ neo air post-d gu anne@feisean.org ro 5f, Diluain 13mh Cèitean 2019.

Airson cothrom còmhraidh agus barrachd fiosrachaidh fhaighinn mun dreuchd, leigibh fios gu Calum Ailig MacMhaoilein, Manaidsear Leasachaidh, Fèisean nan Gàidheal air 01463 225559.

FEUMaidh IARRTASAN A BHITH AGAINN RO 5F, Diluain 13mh Cèitean 2019.

'S e fastaiche co-ionannachd chothroman a tha ann am Fèisean nan Gàidheal

Tha Fèisean nan Gàidheal cùramach a thaobh fiosrachadh a làimhseachadh agus ga dhìon. Chithear fios mu phrìobhaideachd tron cheangal [seo](#) agus ma tha iomagain no adhbhar agaibh cùis sam bith a thogail mun dòigh sa bheil sinn air fiosrachadh a làimhseachadh cuiribh fios gu Oifigear Dìon-Dàta na buidhne tro dpo@feisean.org.